

An dèidh Blàr Chùil Lodair

Chaidh **dòigh-beatha** nan Gàidheal na bu mhiosa an dèidh Blàr Chùil Lodair. Chuir riaghaltas Bhreatainn laghannan an sàs a chuir **bacadh** air cumhachd nan **ceann-cinnidh** agus a chuir casg air a' chultar Ghàidhlig a bha a' còrdadh ris na Gàidheil. Nam measg bha casg air **breacanan** nan cinnidhean agus ceòl na **pioba**.



Cuideachd, thug an riaghaltas cead do dhaoine bho thaobh a-muigh na Gàidhealtachd tòrr den fhearann fhaighinn.

Thòisich na **h-uachdarain** ùra a' cur às don t-siostam **roinn-ruith** thraidiseanta agus chuir iad cleachdaidhean **àiteachais** na Galltachd an sàs na àite. Chaidh teaghlaichean a chur às na dachaighean aca gu **fearann** eile san dùthaich timcheall orra, no chun a' chosta. An sin fhuair iad cothrom air **gabhaltas** ann an **coimhearsnachdan** ùra **croitearachd**, agus air obraichean ùra ann an **gnìomhachasan** an iasgaich, nan **cuaraidhean** agus na **ceilpe**. Cha robh **còir laghail** aig teaghlaichean air an fhearann air an robh iad a' fuireach.

An àite sin b' e siostam fiùdalach a bha an sàs, a bha a' ciallachadh gun dèanadh iad seirbheis no obair airson an fhearainn a fhuair iad.





Bha an **dòigh-beatha** ùr cho eadar-dhealaichte 's gun robh e a' sìor fhàs doirbh do chroitearan **bàrr** fhàs agus beathaichean a chumail dhaibh fhèin. Bha slugh ro mhòr air a' Ghàidhealtachd agus chuir seo cuideam air an fhearann agus air obraichean.

Thug dòighean-obrach ùra agus innealan ùra tur-atharrachadh air àiteachas agus bha na bu lugha de fhireannaich agus de dh'ùine a dhìth airson bàrr a làimhseachadh.



Leis nach b' urrainn dhaibh **bith-beò** a dhèanamh, roghnaich mòran aca **eilthireachd** a dhèanamh 's iad air an **tàladh** le **àidseantan** companaidhean bhàtaichean a bha a' gealltainn beatha na b' fheàrr dhaibh sna Stàitean Aonaichte.